

## GÀIDHLIG ANN AN DÙN ÈIDEANN

Tron cheisteachan seo thathas a' sireadh fiosrachadh mu luchd Gàidhlig Dhùn Èideann: cò iad, cuine agus ciamar a bhios iad a' cleachdadh na Gàidhlig, dè na beachdan a tha aca mun Ghàidhlig, agus mar sin air adhart. Thathas a' sireadh fiosrachadh bho dhuine sam bith a tha a' fuireach no ag obair ann an Dùn Èideann.

Tha sinn an dùil aithisg fhoillseachadh mun rannsachadh seo ach bidh sinn a' cumail fiosrachadh sam bith a gheibhear tro na ceisteachain seo dìomhair.

Bidh na freagairtean agaibh air leth feumail dhuinn agus bidh sinn fada nur comain nan cuireadh sibh an ceisteachan air ais thugainn.

Ma tha ceistean sam bith agaibh mun rannsachadh seo, cuiribh fios gu Dr Wilson McLeod air 0131 650-3623, post-d w.mcleod@ed.ac.uk

### 1. Ciamar a thog sibh a' Ghàidhlig? (**NB** faodaidh sibh còrr is aon fhreagairt a chomharrachadh)

- anns an dachaigh nuair a bha mi a' fàs suas
- aig an sgoil
- tro chursa(ichean) ann an colaiste, oilthigh no ionad foghlaim eile
- tro bhith a' fuireach ann an sgìre far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn
- eile (mìnich: \_\_\_\_\_)

### 2. Dè cho fileanta 's a tha sibh anns a' Ghàidhlig?

- nas fhileanta anns a' Ghàidhlig na anns a' Bheurla
- a cheart cho fileanta anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla
- fileanta, ach tha mo chuid Beurla nas fheàrr
- dìreach meadhanach fileanta
- tha mi a' tuigsinn Gàidhlig ach cha bhruidhinn mi i
- dìreach beagan fhaclan

### 3. An urrainn dhuibh Gàidhlig a leughadh?

- is urrainn
- gu ìre
- chan urrainn

### 4. An urrainn dhuibh Gàidhlig a sgrìobhadh?

- is urrainn
- gu ìre
- chan urrainn

### 5. Càite an robh sibh a' fuireach nuair a thog sibh a' Ghàidhlig?

- Dùn Èideann
- Innse Gall (cò an t-eilean? \_\_\_\_\_ )
- tìr-mòr na Gàidhealtachd
- sgìre eile ann an Alba
- eile (càite: \_\_\_\_\_ )

6. Dè cho fada 's a tha sibh a' fuireach ann an Dùn Èideann?

- |  |   |
|--|---|
| <input type="checkbox"/> fad mo bheatha            | <input type="checkbox"/> eadar 5 agus 10 bliadhnaichean |
| <input type="checkbox"/> còrr is 20 bliadhna       | <input type="checkbox"/> eadar 2 agus 5 bliadhnaichean  |
| <input type="checkbox"/> eadar 10 agus 20 bliadhna | <input type="checkbox"/> nas lugha na 2 bhliadhna       |

7. Càite a bheil sibh a' fuireach ann an Dùn Èideann?

sgìre (m.e. Newington, Leith, Corstorphine) \_\_\_\_\_  
còd-puist \_\_\_\_\_

8. Dè ur gnè?

- |                                   |                                  |
|-----------------------------------|----------------------------------|
| <input type="checkbox"/> boireann | <input type="checkbox"/> fireann |
|-----------------------------------|----------------------------------|

9. Dè an aois a tha sibh?

- |  |                                |
|--|--------------------------------|
| <input type="checkbox"/> nas lugha na 18 | <input type="checkbox"/> 45-54 |
| <input type="checkbox"/> 18-24           | <input type="checkbox"/> 55-64 |
| <input type="checkbox"/> 25-34           | <input type="checkbox"/> 65+   |
| <input type="checkbox"/> 35-44           |                                |

10. Dè an ìre foghlaim as àirde a ràinig sibh?

- ceum oilthigh (m.e. BA, BSc)
- ceum oilthigh nas àirde (m.e. MSc, PhD)
- teisteanas neach-teagaisg
- barantas/teisteanas colaiste
- Àrd-Ìre (m.e. Highers, Sixth Year Studies, A Level)
- Ìre Choitcheann (m.e. Standard Grade, O Level)
- eile

11. A bheil sibh ag obair (airson tuarastail) an dràsta?

(NB faodaidh sibh còrr is aon fhreagairt a chomharrachadh)

- tha, làn-ùine
- tha, pàirt-ùine
- chan eil, ach tha mi a' sireadh obair
- chan eil
- tha mi air mo dhreuchd a leigeil dhìom
- tha mi an sàs ann am foghlam an dràsta

12. Ma tha sibh ag obair an dràsta, dè an seòrsa obrach a tha ann?

(dè ainm na dreuchd agus nàdar na companaidh / buidhne)

13. An urrainn do gach duine nur dachaigh Gàidhlig a bhruidhinn?

- is urrainn
- is urrainn (ach tha mi a' fuireach nam aonar)
- chan urrainn

14. Ma tha cèile agaibh (-p(h)òsta no eile), a bheil Gàidhlig aige/aice?

\_\_\_\_\_ tha \_\_\_\_\_ chan eil  
\_\_\_\_\_ tha beagan \_\_\_\_\_ chan eil cèile agam

15. Ma tha Gàidhlig aig ur cèile, dè na cànan a bhios sibh a' bruidhinn ri chèile gu h-àbhaisteach?

\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn Gàidhlig ri chèile fad an t-siubhail  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn barrachd Gàidhlig na Beurla ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn an aon uiread de Ghàidhlig agus de Bheurla ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn barrachd Beurla na Gàidhlig ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn Beurla ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn Gàidhlig agus cànan eile (seach a' Bheurla) ri chèile  
(sònraichibh an cànan \_\_\_\_\_ )  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn cànan eile (seach a' Bheurla) ri chèile  
(sònraichibh an cànan \_\_\_\_\_ )  
\_\_\_\_\_ neo-bhuntainneach (N/A)

16. Ma tha clann agaibh, a bheil Gàidhlig aca (aige/aice)?

\_\_\_\_\_ tha \_\_\_\_\_ chan eil  
\_\_\_\_\_ tha beagan \_\_\_\_\_ neo-bhuntainneach (N/A)  
\_\_\_\_\_ tha aig cuid dhiubh

17. Ma tha clann agaibh, dè na cànan a bhios sibh a' bruidhinn riutha (ris/rithe) gu h-àbhaisteach?

\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn Gàidhlig ri chèile fad an t-siubhail  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn barrachd Gàidhlig na Beurla ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn an aon uiread de Ghàidhlig agus de Bheurla ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn barrachd Beurla na Gàidhlig ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn Beurla ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn Gàidhlig agus cànan eile (seach a' Bheurla) ri chèile  
(dè an cànan \_\_\_\_\_ )  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn Gàidhlig agus cànan eile (seach a' Bheurla) ri chèile  
(dè an cànan \_\_\_\_\_ )  
\_\_\_\_\_ bidh sinn a' bruidhinn cànan eile (seach a' Bheurla) ri chèile  
(dè an cànan \_\_\_\_\_ )  
\_\_\_\_\_ chan eil clann agam

18. Ma tha còrr is aon neach-cloinne agaibh, agus Gàidhlig aca uile, dè na cànan a bhios iad a' bruidhinn ri chèile gu h-àbhaisteach?

(NB na freagraibh a' cheist seo mura h-eil ur cuid cloinne a' fuireach còmhla ribh)

\_\_\_\_\_ bidh iad a' bruidhinn Gàidhlig ri chèile fad an t-siubhail  
\_\_\_\_\_ bidh iad a' bruidhinn barrachd Gàidhlig na Beurla ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh iad a' bruidhinn an aon uiread de Ghàidhlig agus de Bheurla ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh iad a' bruidhinn barrachd Beurla na Gàidhlig ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh iad a' bruidhinn Beurla ri chèile  
\_\_\_\_\_ bidh iad a' bruidhinn Gàidhlig agus cànan eile (seach a' Bheurla) ri chèile  
(dè an cànan \_\_\_\_\_ )  
\_\_\_\_\_ bidh iad a' bruidhinn cànan eile (seach a' Bheurla) ri chèile  
(dè an cànan \_\_\_\_\_ )  
\_\_\_\_\_ chan eil a' cheist seo a' buntainn dhomh

19. Ma tha clann de dh'aois sgoile agaibh, a bheil iad an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig?

- \_\_\_\_\_ tha
- \_\_\_\_\_ tha cuid dhiubh
- \_\_\_\_\_ chan eil

20. Ma tha clann agaibh a tha an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, carson a thagh sibh an seòrsa foghlaim seo dhaibh?  
(NB faodaidh sibh còrr is aon fhreagairt a chomharrachadh)

- \_\_\_\_\_ is i Gàidhlig mo chànan màthaireil
- \_\_\_\_\_ is i Gàidhlig cànan màthaireil mo chuid cloinne
- \_\_\_\_\_ tha mi airson a' Ghàidhlig a chumail beò
- \_\_\_\_\_ saoilidh mi gu bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig nas fheàrr na foghlam tro mheadhan na Beurla
- \_\_\_\_\_ tha mi airson 's gum bi mo chuid cloinne dà-chànanach
- \_\_\_\_\_ tha na clasaichean nas lugha na tha iad ann am foghlam àbhaisteach
- \_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach
- \_\_\_\_\_ adhbhar eile (mìnichibh)

21. Ma tha clann de dh'aois sgoile agaibh nach eil an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, carson nach do thagh sibh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig dhaibh?  
(NB faodaidh sibh còrr is aon fhreagairt a chomharrachadh)

- \_\_\_\_\_ is i Beurla cànan màthaireil mo chuid cloinne
- \_\_\_\_\_ chan eil Gàidhlig aig mo chèile
- \_\_\_\_\_ cha d'fhuair iad foghlam ro-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig
- \_\_\_\_\_ saoilidh mi gu bheil foghlam tro mheadhan na Beurla nas fheàrr na foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- \_\_\_\_\_ chan eil làn earbsa agam ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- \_\_\_\_\_ saoilidh mi gum biodh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' bacadh na cloinne
- \_\_\_\_\_ duilgheadasan siubhail
- \_\_\_\_\_ cha robh mi riarachaidh leis an sgoil far a bheil foghlam Gàidhlig ri fhaighinn
- \_\_\_\_\_ cha robh fios agam gu robh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn
- \_\_\_\_\_ cha robh ùidh agam anns a' Ghàidhlig nuair a chaidh a' chlann dhan sgoil an toiseach
- \_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach
- \_\_\_\_\_ adhbhar eile (mìnichibh)

22. Ma tha taghadh agaibh, an fheàrr leibh a bhith a' bruidhinn Gàidhlig no Beurla?

- \_\_\_\_\_ Gàidhlig
- \_\_\_\_\_ Beurla
- \_\_\_\_\_ tha e an crochadh air an t-suidheachadh
- \_\_\_\_\_ tha mi coma
- \_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

23. Mas fheàrr leibh a bhith a' bruidhinn Gàidhlig, carson?  
(NB faodaidh sibh còrr is aon adhbhar a chomharrachadh)

- \_\_\_\_\_ is i Gàidhlig mo chànan màthaireil
- \_\_\_\_\_ tha mo chuid Gàidhlig nas fheàrr / nas fhileanta
- \_\_\_\_\_ tha e nas fhasa a bhith a' bruidhinn Gàidhlig
- \_\_\_\_\_ tha mo chàirdean / charaidean / cho-obraichean a' bruidhinn Gàidhlig
- \_\_\_\_\_ tha mi airson a' Ghàidhlig a chumail beò
- \_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach
- \_\_\_\_\_ adhbhar eile (mìnichibh)

)

24. Mas fheàrr leibh a bhith a' bruidhinn Beurla, carson?  
(NB faodaidh sibh còrr is aon adhbhar a chomharrachadh)

\_\_\_\_\_ is i Beurla mo chànan màthaireil  
\_\_\_\_\_ tha mo chuid Beurla nas fheàrr / nas fhileanta  
\_\_\_\_\_ tha e nas fhasa a bhith a' bruidhinn Beurla  
\_\_\_\_\_ tha mo chàirdean / charaidean / cho-obraichean a' bruidhinn Beurla  
\_\_\_\_\_ chan eil mi a' faicinn mòran luach anns a' Ghàidhlig  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach  
\_\_\_\_\_ adhbhar eile (mìnich \_\_\_\_\_ )

25. Cia mheud duine a tha sibh eòlach orra a tha a' bruidhinn Gàidhlig agus a tha a' fuireach ann an Dùn Èideann?

\_\_\_\_\_ barrachd air 50 \_\_\_\_\_ 5-9  
\_\_\_\_\_ 20-50 \_\_\_\_\_ nas lugha na 5  
\_\_\_\_\_ 10-19 \_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

26. Ann an seachdain àbhaisteach, dè cho tric 's a bhios sibh a' bruidhinn Gàidhlig?

\_\_\_\_\_ bidh mi a' bruidhinn barrachd Gàidhlig na Beurla a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ bidh mi a' bruidhinn Gàidhlig a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 4-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 2-3 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe na 1 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

27. Ann an seachdain àbhaisteach, cia mheud duine a bhios sibh a' bruidhinn Gàidhlig riutha ann an Dùn Èideann?

\_\_\_\_\_ barrachd air 50 \_\_\_\_\_ 5-9  
\_\_\_\_\_ 20-50 \_\_\_\_\_ nas lugha na 5  
\_\_\_\_\_ 10-19 \_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

28. Dè an seòrsa dhaoine a bhios sibh a' bruidhinn Gàidhlig riutha ann an Dùn Èideann?

\_\_\_\_\_ dìreach daoine aig a bheil Gàidhlig bho dhùthchas  
\_\_\_\_\_ barrachd dhaoine aig a bheil Gàidhlig bho dhùthchas na luchd-ionnsachaidh  
\_\_\_\_\_ barrachd luchd-ionnsachaidh na daoine aig a bheil Gàidhlig bho dhùthchas  
\_\_\_\_\_ luchd-ionnsachaidh a-mhàin  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

29. Dè cho tric 's a bhios sibh a' cluinntinn strèinnearan (daoine nach eil sibh eòlach orra idir) a' bruidhinn Gàidhlig ri chèile ann an Dùn Èideann?

\_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ co-dhiù aon turas gach seachdain  
\_\_\_\_\_ co-dhiù aon turas gach mìos  
\_\_\_\_\_ dìreach corra uair ann am bliadhna  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

30. Càite am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig ann an Dùn Èideann, agus ciamar a bhios sibh ga cleachdadh?

(NB comharraichibh a h-uile freagairt a tha iomchaidh)

\_\_\_\_\_ anns an àite-obrach agam

dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla nur àite-obrach?

\_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ ann an dachaighean chàirdean no charaidean

dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 5-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla ann an dachaighean chàirdean no charaidean?

\_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi ann am bùthan

dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 5-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla nuair a bhios sibh ann am bùthan?

\_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi an sàs ann an còmhraidhean anns an t-sràid (m.e. le càirdean a thachras ribh)

dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 5-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla nuair a bhios sibh an sàs ann an còmhraidhean anns an t-sràid?

\_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi ann an taighean-òsta, taighean-bìdh no cafés

- dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 5-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla nuair a bhios sibh ann an taighean-òsta, taighean-bìdh no cafés?

- \_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi a' frithealadh choinneamhan no thachartasan (m.e. an lùib bhuidhnean ealain, spòrs, poilitigeach)

- dè cho tric? \_\_\_\_\_ nas lugha na 1 turas anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1 turas anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 2-3 turas ann am mìos  
\_\_\_\_\_ 1 turas ann am mìos  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla nuair a bhios sibh a' frithealadh choinneamhan no thachartasan?

- \_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi aig an sgoil / colaiste / oilthigh?  
(**NB** na comharraichibh an fhreagairt seo mas e seo an t-àite-obrach agaibh)

- dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla nuair a bhios sibh aig an sgoil / colaiste / oilthigh?

- \_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi a' bruidhinn air a' fòn

- dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 5-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla nuair a bhios sibh a' bruidhinn air a' fòn?

- \_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi ag èisteachd ris an radio

- dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 5-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh ag èisteachd ri prògraman Gàidhlig air an radio na bu trice na prògraman Beurla?

- \_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi a' coimhead telebhisean

- dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 5-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' coimhead phrògraman Gàidhlig air an telebhisean na bu trice na prògraman Beurla?

- \_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi a' leughadh leabhraichean, irisean no pàipearan-naidheachd

- dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 5-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla nuair a bhios sibh a' leughadh leabhraichean, irisean no pàipearan-naidheachd?

- \_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi a' cleachdadh an eadar-lìn (a' gabhail a-steach post-dealain)

- dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 5-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 1-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla nuair a bhios sibh a' cleachdadh an eadar-lìn?

- \_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi



\_\_\_\_\_ nuair a bhios mi a' leughadh no a' sgrìobhadh litrichean

- dè cho tric? \_\_\_\_\_ a h-uile latha  
\_\_\_\_\_ 5-6 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 3-4 làithean anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ 0-2 latha anns an t-seachdain  
\_\_\_\_\_ na b'ainneimhe  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

am bi sibh a' cleachdadh Gàidhlig na bu trice na Beurla nuair a bhios sibh a' leughadh / a' sgrìobhadh litrichean?

- \_\_\_\_\_ bithidh  
\_\_\_\_\_ cha bhi

**31.** A bheil sibh an sàs ann am buidheann no buidhnean Gàidhlig?  
(**NB** comharraichibh a h-uile freagairt a tha iomchaidh)

- |                                      |  |
|--------------------------------------|--|
| _____ An Comunn Gaidhealach          | _____ Cluicheadairean Gàidhlig Dhùn Èideann  |
| _____ Comann nam Pàrant              | _____ Còisir Ghàidhlig Lodainn               |
| _____ Comhairle nan Sgoiltean Àraich | _____ Còisir Ghàidhlig Dhùn Èideann          |
| _____ Sradagan                       | _____ Gaelic for All                         |
| _____ Clì                            | _____ Comann Ceilteach Oilthigh Dhùn Èideann |
| _____ FÀS (Dùn Èideann)              | _____ eile (sònraichibh _____)               |

**32.** Dè cho tric 's a bhios sibh a' frithealadh thachartasan Gàidhlig ann an Dùn Èideann?  
(**NB** mark all choices that are appropriate)

\_\_\_\_\_ cèilidhean tradiseanta  
dè cho tric ann am bliadhna? \_\_\_\_\_ barrachd air 10 tursan  
\_\_\_\_\_ 6-10 tursan  
\_\_\_\_\_ 3-5 tursan  
\_\_\_\_\_ 1-2 turas

\_\_\_\_\_ dealbhan-cluich Gàidhlig  
dè cho tric ann am bliadhna? \_\_\_\_\_ barrachd air 10 tursan  
\_\_\_\_\_ 6-10 tursan  
\_\_\_\_\_ 3-5 tursan  
\_\_\_\_\_ 1-2 turas

\_\_\_\_\_ cuirmean/fèisean ciùil Ghàidhlig/mòdan ionadail  
dè cho tric ann am bliadhna? \_\_\_\_\_ barrachd air 10 tursan  
\_\_\_\_\_ 6-10 tursan  
\_\_\_\_\_ 3-5 tursan  
\_\_\_\_\_ 1-2 turas

\_\_\_\_\_ cuirmean sgeulachdan Gàidhlig  
dè cho tric ann am bliadhna? \_\_\_\_\_ barrachd air 10 tursan  
\_\_\_\_\_ 6-10 tursan  
\_\_\_\_\_ 3-5 tursan  
\_\_\_\_\_ 1-2 turas

\_\_\_\_\_ coinneamhan no cruinneachaidhean poilitigeach (mun Ghàidhlig)  
dè cho tric ann am bliadhna? \_\_\_\_\_ barrachd air 10 tursan  
\_\_\_\_\_ 6-10 tursan  
\_\_\_\_\_ 3-5 tursan  
\_\_\_\_\_ 1-2 turas

\_\_\_\_\_ co-labhairtean cultarach no acadamaigeach (tro mheadhan na Gàidhlig)  
dè cho tric ann am bliadhna? \_\_\_\_\_ barrachd air 10 tursan  
\_\_\_\_\_ 6-10 tursan  
\_\_\_\_\_ 3-5 tursan  
\_\_\_\_\_ 1-2 turas

\_\_\_\_\_ seirbhisean eaglais (tro mheadhan na Gàidhlig)  
dè cho tric ann am bliadhna? \_\_\_\_\_ barrachd air 50 turas  
\_\_\_\_\_ barrachd air 20 turas  
\_\_\_\_\_ 10-20 turas  
\_\_\_\_\_ 5-9 tursan  
\_\_\_\_\_ 1-4 tursan

**33.** Nur beachd-sa, dè cho cudromach 's a tha e a bhith a' leasachadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann?

\_\_\_\_\_ tha e air leth cudromach  
\_\_\_\_\_ tha e cudromach  
\_\_\_\_\_ tha e cudromach gu leòr, ach chan eil e cho cudromach ri leasachadh na Gàidhlig anns a' Ghaidhealtachd agus na h-Eileanan  
\_\_\_\_\_ chan eil e glè chudromach  
\_\_\_\_\_ chan eil e cudromach idir  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

Minichibh:

**34.** Nur beachd-sa, dè a' bharail a tha aig luchd Gàidhlig a tha a' fuireach anns a' Ghaidhealtachd agus na h-Eileanan a thaobh leasachadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann?

\_\_\_\_\_ tha air leth cudromach  
\_\_\_\_\_ tha e cudromach  
\_\_\_\_\_ tha e cudromach gu leòr, ach chan eil e cho cudromach ri leasachadh na Gàidhlig anns a' Ghaidhealtachd agus na h-Eileanan  
\_\_\_\_\_ chan eil e glè chudromach  
\_\_\_\_\_ chan eil e cudromach idir  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

Minichibh:

**35.** Nur beachd-sa, dè a' bharail a tha aig muinntir Dhùn Èideann anns an fharsaingeachd a thaobh leasachadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann?

\_\_\_\_\_ tha air leth cudromach  
\_\_\_\_\_ tha e cudromach  
\_\_\_\_\_ tha e cudromach gu leòr, ach chan eil e cho cudromach ri leasachadh na Gàidhlig anns a' Ghaidhealtachd agus na h-Eileanan  
\_\_\_\_\_ chan eil e glè chudromach  
\_\_\_\_\_ chan eil e cudromach idir  
\_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

Minichibh:

36. 'Tha a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba gu lèir': dè ur beachd mun smuain seo?

- \_\_\_\_\_ tha mi ag aontachadh gu làidir
- \_\_\_\_\_ tha mi ag aontachadh
- \_\_\_\_\_ tha mi coma
- \_\_\_\_\_ chan eil mi ag aontachadh
- \_\_\_\_\_ chan eil mi ag aontachadh idir
- \_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

Minichibh:

37. 'Tha a' Ghàidhlig a' bàsachadh': dè ur beachd mun smuain seo?

- \_\_\_\_\_ tha mi ag aontachadh gu làidir
- \_\_\_\_\_ tha mi ag aontachadh
- \_\_\_\_\_ tha mi coma
- \_\_\_\_\_ chan eil mi ag aontachadh
- \_\_\_\_\_ chan eil mi ag aontachadh idir
- \_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

Minichibh:

38. 'Tha a' mhòrchuid de dhaoine a' smaoinichadh gu bheil cùisean a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ro sheann-fhàsanta': dè ur beachd mun smuain seo?

- \_\_\_\_\_ tha mi ag aontachadh gu làidir
- \_\_\_\_\_ tha mi ag aontachadh
- \_\_\_\_\_ tha mi coma
- \_\_\_\_\_ chan eil mi ag aontachadh
- \_\_\_\_\_ chan eil mi ag aontachadh idir
- \_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

Minichibh:

39. 'Tha e cudromach gum bi clann òg ag ionnsachadh Gàidhlig': dè ur beachd mun smuain seo?

- \_\_\_\_\_ tha mi ag aontachadh gu làidir
- \_\_\_\_\_ tha mi ag aontachadh
- \_\_\_\_\_ tha mi coma
- \_\_\_\_\_ chan eil mi ag aontachadh
- \_\_\_\_\_ chan eil mi ag aontachadh idir
- \_\_\_\_\_ chan eil fios agam / chan eil mi cinnteach

Minichibh:

40. Dè an ìre de dh'ùidh (air sgèile 1-10) a tha agaibh anns a' Ghàidhlig?  
(m.e. 1 = chan eil ùidh idir agam, 10 = tha fìor ùidh agam)

\_\_\_\_\_

41. Nur beachdsa, dè an ìre de dh'ùidh (air sgèile 1-10) a tha aig ur caraidean anns a' Ghàidhlig?

---

42. Nur beachdsa, dè an ìre de dh'ùidh (air sgèile 1-10) a tha aig Riaghaltas na h-Alba anns a' Ghàidhlig?

---

43. Nur beachdsa, dè an ìre de dh'ùidh (air sgèile 1-10) a tha aig Comhairle Dhùn Èideann anns a' Ghàidhlig?

---

Ma tha beachdan sam bith agaibh mun rannsachadh seo, faodaidh sibh an cur sìos an seo:

## CRÌOCH

## MÒRAN TAING

Am biodh sibh deònach bruidhinn ruinn (ann an coinneamh phearsanta no air a' fòn) mu chuspairean an rannsachaidh seo? Cha toireadh an còmhradh na b'fhaide na leth-uair de thìde. Nam biodh, bhiomaid glè thoilichte cluinntinn bhuaibh. Thoiribh dhuinn ur n-ainm agus beagan fiosrachaidh conaltraidh, le ur toil.

Ainm:

Àireamh fòn:

Seòladh:

Seòladh puist-dealain: